



## Maoin Ola do dh'Alba

---

Air Adhart leis  
a' Chòmhradh  
Nàiseanta  
againn

**A' Taghadh Àm ri Teachd na h-Alba**

Còmhradh Nàiseanta

[www.anationalconversation.com](http://www.anationalconversation.com)

# Ro-ràdh le Rùnaire a' Chaibineit airson Ionmhais agus Fàs Seasmhach

---

Chaidh pailteas de stòrasan lùtha a bhuileachadh air Alba. Fad 40 bliadhna tha an eaconamaidh againn air a bhith na prìomh thobair ola is gas agus tha sinn a-nis a' fàs anabarrach neartmhor ann an lùth so-ùrachaidh. Tha lùth air leth cudromach airson beairteas na h-Alba san àm ri teachd agus na phàirt bhunaiteach den ro-innleachd eaconamaich againn.

Tha cothroman eaconamach air leth mòr a' tighinn an lùib nan stòrasan ola is gas againn. Tha an Cuan a-Tuath a' cumail taic ri mu 195,000 cosnadh an Alba, agus tha Obar Dheathain air aon de na meadhanan lùtha as motha san t-saoghal. Tha an gnìomhachas cuideachd air ionmhas anabarrach mòr a chur don sporan phoblach. Mar-thà tha mu £230 billean de theachd-a-steach ola is gas air a dhol gu Roinn Ionmhais na RA.

Agus tha stòrasan ola is gas subsainteach air fhàgail aig Alba. Thathas a' tuairmeas gum bheil ionnan ri eadar 15.5 agus 25 billean baraille ola fhathast sa Chuan a-Tuath, agus dh'fhaodadh gum bheil fiù barrachd air sin fhèin ann. A rèir nam pàtran an a chithear an-dràsta dh'fhaodadh na stòrasan sin deagh bhuannachd eaconamach a libhrigeadh agus, ma thèid an riaghladh gu ciallach, thig toradh asta airson trithead gu ceathrad bliadhna ri thighinn.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' moladh gun tèid cuibhreann de theachd-a-steach ola is gas na h-Alba a thasgadh ann am maoin ola Albannach. Tha sinn làidir sa bheachd gun cuir maoin ola neart ann am fàs seasmhach an Alba, barrachd seasmhachd sa mhòr-eaconamaidh, agus taic ris a' ghluasad a dh'ionnsaigh eaconamaidh bheag-chàrboin.

Mar a tha an sgrìobhainn seo a' sealltainn, tha maoin ola aig iomadh eaconamaidh mar-thà. Tha cuid, leithid Nirribhidh, a' mealtainn deagh shochair an-diugh agus cinnt air seasmhachd sna làithean ri thighinn. Faodaidh Alba an aon rud a dhèanamh. Cha b' ann ach 13 bliadhna air ais a thòisich Nirribhidh a' gluasad teachd-a-steach don mhaoin ola aca agus a-nis is fhiach an tasgadh sin £214 billean. Tha seo air leigeil le Nirribhidh dèiligeadh ris a' chrìonadh eaconamach dhomhanta gun an seòrsa fhiachan a tharraing orra fhèin a bhios a' cur air dùthchannan eile airson bhliadhnaichean mòra. Bidh an tasgadh cuideachd a' ciallachadh gum bi buannachd lùtha Nirribhidh na shochair leantaileach do dh'eaconamaidh na dùthcha.

Tha riaghaltasan tiomnaichte, leithid Alberta ann an Canada agus Alasga sna Stàitean Aonaichte, cuideachd a' cleachdadh an ùghdarras aca airson cùisean a chur air stòrasan nàdarra gus maoin ola a stèidheachadh. 'S ann aig Riaghaltas na RA a tha an t-ùghdarras airson seo an-dràsta. Ach, chan eil riaghaltasan na RA air cùisean a chur an gnìomh gus dèanamh cinnteach gum faigh na ginealaich ri thighinn sochair bho bhuannachdan eaconamach ola is gas na h-Alba. Nan deidheadh ùghdarras airson cùisean agus toradh a' Chuain a-Tuath a thiomnadh air Pàrlamaid na h-Alba b' urrainn do dh'Alba a stòrasan nàdarra fhèin a riaghladh agus dèanamh cinnteach gum biodh iad nan sochair sheasmhach don dùthaich.

Tha an Riaghaltas seo den bheachd gur e neo-eisimeileachd, le làn ùghdarras airson a h-uile cumhachd eaconamach a tha aig nàiseanan neo-eisimeileach eile, an roghainn cheart a leigeas le Alba, agus a sluagh, àirde an comais a ruighinn. Tha aonta ann a-nis gum faigh Alba piseach à fèin-ùghdarras subsainteach ann an cùisean fiosgaileach. Tha maoin ola Albannach na prìomh eisimpleir air na roghainnean fiosgaileach a b' urrainn do dh'Alba a dhèanamh. Tha Riaghaltas na h-Alba den bheachd gun toireadh maoin ola fìor phiseach air eaconamaidh na h-Alba san fhad-ùine agus, mar phàirt den Chòmhradh Nàiseanta againn, tha sinn a' sireadh bheachdan air ciamar a bheireadh sinn am moladh seo air adhart.

**Iain Swinney BPA**

**Rùnaire a' Chaibineit airson Ionmhais agus Fàs Seasmhach**

## Pàtranan o chionn ghoirid sa Chuan a-Tuath

- Thàinig a' chiad toradh à tarraing-ola sa Chuan a-Tuath ann an 1967 agus gu ruige seo chaidh ionnan ri 40 billean baraille ola de dh'ola is gas a thoirt às. Bho 1976-77 tha obair na h-ola is gas air còrr is £269 billean (prìsean 2008) de theachd-a-steach dìreach a chur gu Roinn Ionmhais na RA.

Tha uiread nan stòrasan ola is gas a th' air fhàgail sa Chuan a-Tuath ga thuairmeas eadar ionnan ri 15.5 billean agus 25.0 billean baraille ola agus dh'fhaodadh iad a bhith cho mòr ri 37 billean baraille. Leis na brosnachaidhean ceart agus riaghladh freagarrach air an àrainneachd, bidh an roinn na pàirt chudromach de eaconamaidh na h-Alba thar nan deicheadan ri teachd.

- Bho 2001, tha prìsean na h-ola is gas air a bhith a' dol an àirde sa chumantas air sgàth barrachd iarrtais agus margaidh dhùbhlanach. Ged a thuit prìsean gu grad anns an leth mu dheireadh de 2008, tha iad air togail gu mòr a-nis agus tha iad pìos math os cionn a' chuibheis fhad-ùine. Tha prìomh fhàisneachdan a' ghnìomhachais a' meas gum bi pàtran èirigh air prìsean sa mheadhan agus san fhad-ùine. Tha e coltach, ma-thà, ged a bhiodh a' chuid as motha de thoradh a' Chuain a-Tuath seachad, gum bi barrachd luaich anns na tha air fhàgail agus, air an adhbhar sin, dh'fhaodadh nach eil sochair eaconamach na h-ola air tighinn gu àirde fhathast.

## Adhbhar na Maoin Ola

- Tha grunn math dhùthchannan le stòrasan mòra de dh'ola is gas air 'maoin saidhbheis', no 'maoin ola', a chruthachadh far am bi iad a' tasgadh cuibhreann den teachd-a-steach bho na stòrasan ola is gas aca.
- Bidh maoin ola ag obair ann an eaconamaidhean adhartach agus eaconamaidhean fo leasachadh. Tha an sgrùdadh seo a' sealltainn ris an fhianais eadar-nàiseanta air maoinean ola agus ag ionnsachadh ciamar a ghabhadh maoin den leithid obair ann an Alba. Is iad Nirribhidh, Alasca agus Alberta na h-àiteachan as coltaiche ri Alba anns a' chùis seo.
- Is e prìomh adhbhar maoin ola stòras ionmhasail a riaghladh ann an dòigh sheasmhach gus teachd-a-steach bho ola is gas (stòrasan nach gabh ùrachadh) a thionndadh gu buannachdan so-ùrachaidh. An uair sin faodar na buannachdan sin a chleachdadh airson beairteas a chruthachadh fada às dèidh do dh'ola is gas na dùthcha ruith a-mach.
- Faodaidh maoin ola leigeil le cuid den bheairteas a chaidh a chruthachadh bho obair na h-ola a chleachdadh airson tobraichean lùtha beag-chàrboin a leasachadh. Le bhith a' cleachdadh cuid de theachd-a-steach maoin ola airson taic a chur ri modhan agus teicneòlasan ùra air cumhachd a dhèanamh faodar sochair fhaighinn, chan ann a mhàin a thaobh seasmhachd eaconamach, ach cuideachd a thaobh seasmhachd solar lùtha na dùthcha.
- Faodar maoin ola a chleachdadh cuideachd sa gheàrr-ùine mar mhodh cothromachaidh a bheir spreigeadh fiosgaileach air an eaconamaidh nuair a bhios fàs slaodach no airson cur an aghaidh tuiteam sealach ann an teachd-a-steach chisean. Faodaidh seo a bhith gu h-àraidh cudromach ann an dùthchannan far a bheil toradh ola is gas a' cur gu mòr ri Roinn Ionmhais na dùthcha.

### A' Stèidheachadh Maoin Ola do dh'Alba

- Fon rèiteach tiomnadh cumhachd a th' ann an-dràsta, tha ùghdarras airson na roinne ola is gas, a' gabhail a-steach na frèam-obrach chisean is riaghlaidh, mar as tric glèidhte aig Riaghaltas na RA. Tha an RA an ìre mhath às an àbhaist am measg phrìomh dhùthchannan tarraing ola is gas a chionn nach eil iad air maoin ola a chruthachadh.
- Nam biodh Riaghaltas na RA air co-dhùnadh, a thaobh tarraing-ola a' Chuain a-Tuath bho 1980 air adhart, dìreach 10 sa cheud de luach co-aimsireil an teachd-a-steach a thasgadh ann am maoin ola, b' fhiach i an-diugh eadar £24 and £47 billean (an urra ri mar a shoirbhich leis an tasgadh).
- Tha uimhir shusbainteach de stòrasan ola is gas ann an Talamh Bàthte Mòr-thìr na RA rim faighinn ann an uisgeachan faisg air Alba. Tha e air a thuairmeas gun deach, gu ruige seo, mu 90 sa cheud de theachd-a-steach ola is gas na RA a thoirt bhon àite a dh'fhaodar ainmeachadh mar chuid na h-Alba de Thalamh Bàthte Mòr-thìr na RA.
- Tha an Coimisean air Tiomnadh Cumhachd na h-Alba air iarrtasan a dhiùltadh airson smachd air teachd-a-steach ola is gas a thiomnadh agus tha seo a' bacadh stèidheachadh maoin ola Albannach, ged a thuir Buidheann Eòlaichean a' Choimisein air cìsean stòrasan nàdarra gum b' urrainn, ann am prionnsabal, cumhachd tiomnaichte a bhith aig Alba air a' chuibhreann de Thalamh Bàthte Mòr-thìr na RA a bha ga meas anns an raon-ùghdarras aice.
- A rèir ro-mheasadh làthaireach air teachd-a-steach ola is gas a' Chuain a-Tuath san àm ri teachd, nan stèidhicheadh Alba maoin ola agus nan gealladh i cuid shusbainteach den teachd-a-steach bhon Chuan a-Tuath san àm ri thighinn a thasgadh innte, dh'fhaodadh maoin ola a bhith anabarrach luachmhor dhi.
- Tha Riaghaltas na h-Alba den bheachd gum biodh maoin ola na leas do eaconamaidh na dùthcha seo. Dh'fhaoidte a stèidheachadh do dh'Alba mar phàirt den RA, no mar mhaoin air leth ann an Alba a bha neo-eisimeileach no aig an robh fèin-ùghdarras fiosgaileach.
- Tha an aithsig seo na pàirt de Chòmhradh Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba agus bidh fàilte ro bheachdan air cùisean a thèid a thogail san aithsig seo.